COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD –
SEIRBHEIS FOGHLAIM & IONNSACHAIDH

SÒNRACHADH OBRACH

Dreuchd	Tidsear
Tuarastal	Prìomh Sgèile Pàighidh Thidsearan
Cunntachail do	Ceannard na Sgoile no neach tiomnaichte
Dleastanasan na dreuchd	Tha dleastanasan tidseir air an toirt bho dhreachd dhleastanasan Tidseir mar a thathar a' mìneachadh ann an leabhar-làimhe SNCT.
Dreuchd Bhunaiteach	**Taobh a-staigh dleastanasan na dreuchd, nithear na leanas:** 1. Teagaisg clasaichean sònraichte agus dèan ullachadh is ceartachadh co-cheangailte riutha. 2. Cuir air adhart agus dìon slàinte, sunnd is sàbhailteachd sgoilearan. 3. Thoir comhairle is stiùireadh do sgoilearan air cùisean a' buntainn rin cuid foghlaim. 4. Cuir ri deagh òrdugh agus feumalachdan farsaing na sgoile.
Leasachadh Curraicealaim agus Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach	**Taobh a-staigh dleastanasan na dreuchd, nithear na leanas:** 1. Leasaich curraicealam na sgoile. 2. Gabh com-pàirt ann an cùisean a' buntainn ri planadh sgoile, togail coileanadh agus ath-sgrùdadh dhaoine fa leth. 3. Gabh os làimh leasachadh proifeiseanta leantainneach iomchaidh is aontaichte.
Measadh & Clàradh Obair nan Sgoilearan	**Taobh a-staigh dleastanasan na dreuchd, nithear na leanas:** 1. Meas, clàraich is thoir cunntas air obair sgoilearan. 2. Ullaich sgoilearan airson deuchainnean agus cuidich len cuid rianachd.
Ag obair còmhla ri com-pàirtichean	**Taobh a-staigh dleastanasan na dreuchd, nithear na leanas:** 1. Obraich ann an com-pàirteachas le pàrantan, luchd-obrach taice agus proifeiseantaich eile. 2. Obraich ann an dòigh cholaisteach le co-obraichean.
Riarachadh dhleastanasan	Bidh Tidsearan ag obair fo stiùir Ceannard na Sgoile, no neach eile fo ùghdarras, a rèir phoileasaidhean na sgoile agus Ùghdarras an Fhoghlaim. Cuiridh an Ceannard, bho na h-earrannan shuas, raointean sònraichte dleastanais air dòigh. Math dh'fhaodte gum bi atharrachadh sna dleastanasan sònraichte bho àm gu àm, gun a bhith ag atharrachadh coltas coitcheann nan dleastanasan no an ìre dleastanais a tha nan lùib. Tha atharrachaidhean a leithid seo cumanta. Mar thoradh air atharrachaidhean a leithid seo, math dh'fhaodte gum bi e iomchaidh an sònrachadh obrach seo ùrachadh bho àm gu àm. Às dèidh co-chomhairle agus deasbaireachd le Ceannard na Sgoile, ma tha an neach-dreuchd mì-riaraichte le atharrachaidhean sam bith a leithid seo, tha làn-chòir aig an neach-dreuchd an gnothach a thoirt air adhart tro mhodhan gearain na Comhairle.
Dleastanasan eile	A bharrachd, tha dleastanasan Tidsearan, gnìomhan is dleastanasan eile a ghabhail os làimh mar a tha air an sònrachadh le Ceannard na Sgoile fo theirmean Leabhar-làimhe SNCT. Feumaidh e a bhith comasach na dleastanasan uile a ghabhail os làimh taobh a-staigh uairean cùmhnaint, le aire do eallach-obrach.
Ceann-latha	Am Màrt 2014

SÒNRACHADH NEACH

DREUCHD: Tidsear	SEIRBHEIS: FOGHLAM
FEARTAN	**RIATANACH**
FOGHLAM AGUS TEISTEANASAN	Air Inbhe GTC a choileanadh airson Clàrachadh Iomlan.
SGILEAN/FEARTAN COITCHEANN	Comas obrachadh fod stiùir fhèin. Sùbailteachd is deòin ionnsachadh is com-pàirt iomlan a ghabhail san sgoil. Sgilean èifeachdach airson a bhith a' cumail rian air ùine agus airson rudan a chur air dòigh. Comas spèis a thoirt do dhìomhaireachd. Math air cumail ris an uair.
SGILEAN/COMASAN SÒNRAICHTE DHAN DREUCHD	Sgilean matha conaltraidh le clann, pàrantan is co-obraichean. Comas a dhol an gnìomh gu ciùin is gu h-èifeachdach ann an suidheachadh sam bith. Fulangas agus fèin-smachd. Comas obrachadh mar phàirt de sgioba. Eòlas air a bhith a’ cleachdadh Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh sa chlas.
SGILEAN PEARSANTA IS SÒISEALTA	Comas dàimh mhath a thogail le inbhich is clann ann an suidheachaidhean dùbhlanach. Comas sgoilearan a mhisneachadh is a bhrosnachadh.